

> TEINTEAN A DH'FHAODADH BAGAIRT AIR DO SHEILBH

MA THA THU A' FUIREACH NO AG OBAIR ANN AN ÀRAINN A THA ANN AN CUNNART BHO ROITEANAN, BIDH ULLAMH

- A bheil plana agad fhèin agus aig an teaghlach agad airson ur sàbhailteachd ma dh'èireas roitean?
- A bheil fios aig a h-uile ball den teaghlach dè nì iad agus càite an tig iad còmhla ma dh'èireas roitean, a' gabhail a-steach tional is toirt cùram do pheataichean agus do dh'ainmhidhean aig an taigh?
- A bheil thu air plana mu èaladh a dheasbad leis na nàbaidhean agad?
- A bheil thu air bruidhinn ris a' chloinn agad mu gun a bhith a' cur thuige theintean no a' cluich le lasadain?

> IS DÒCHA GUN CANADH TU NACH TACHRADH E A-CHAOIDH, ACH IS FHIACH A BHITH ULLAMH!

Tha roiteanan glè chunnartach, a' sgaoileadh gu luath, ag atharrachadh bho àird gu àird, a' bagairt air fiadh-bheatha, eallach, ainmhidhean aig an taigh, an àrainneachd, seilbh agus daoine.

Ma chì thu teine, air cho beag, CUIR FÒN GU 999 SA BHAD

Thoir uiread fios agus a ghabhas do luchd-obrach Smàlaidh againn. Ma tha fios agad cà bheil an t-slighe a-steach/a-mach as fhaisge, leigibh fios dhaibh. Ma bhios e sàbhailte a leithid a dhèanamh, seas ri taobh na slighe a-steach/a-mach agus bruidhinn ri luchd-smàlaidh nuair a nochdas iad.

> COMHAIRLE CHUDROMACH

Lean a' chomhairle chudromach againn gus roiteanan a chasg ann an àrainnean air an dùthaich no faisg oirre.

- Ma chì thu teine air an dùthaich, air cho beag, **CUIR FÒN GU 999 SA BHAD.**
- Lean Còd na h-Alba mu Chothrom air a' Bhàr A-muigh daonnan.
- Na tilg toiteanan air an lasadh air falbh – dèan cinnteach gu bheil iad air am mùchadh gu tur.
- Seachd cur thuige teintean air a' bhàr a-muigh nuair a tha gaothan àrda, teòthachd àrd agus taiseachd ìseal ann no dùil riutha.
- Thoir fios mu neach sam bith a' dèanamh rudan gun chùram le teine air an dùthaich.
- Na loisg fraoch no mòinteach an taobh a-muigh na h-ùine ceadaichte a-chaoidh.
- Dèan cinnteach gu bheil d' àireamh no d' ainm ri fhaicinn gu follaiseach bhon rathad no bhon phrìomh shlighe a-steach/a-mach.
- Dèan cinnteach gu bheil àrainn-sàbhailteachd timcheall air an dachaigh agad.
- Cuimhnich – faodaidh roitean sgaoileadh gu luath.
- Gabh an sàs ann an Sabaid na h-Alba an Aghaidh Teine. Casg teintean air an dùthaich.

Tadhail air www.firescotland.gov.uk airson comhairle phractaigeach mu shàbhailteachd-teine fhaighinn. No bruidhinn ris an luchd-smàlaidh ionadail agad. Gheibh thu fios mu chonaltradh air an làraich-lìn, anns an leabharlann ionadail agad agus ann an leabhar nam fòn.

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgrìobhainn seo ann an riochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, cuiribh fios gu **0800 0731 999**.

GUS CUIR AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH A CHUR AIR DÒIGH

Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE

Working together for a safer Scotland

Translated and printed with funding from Bòrd na Gàidhlig

v3 Am Faoilleach 2024

Gus CUIR AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH a chur air dòigh Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



@SFRSYourSafety



Fios.

Tha roiteanan glè chunnartach, a' sgaoileadh gu luath, ag atharrachadh bho àird gu àird, a' bagairt air fiadh-bheatha, eallach, ainmhidhean aig an taigh, an àrainneachd, seilbh agus daoine.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE

Working together for a safer Scotland

➤ CRUTHAICH ÀRAINN-SÀBHAILTEACHD

Is e casg an dìon as fheàrr an aghaidh calla, millidh no leòn mar thoradh air roitean.


Aonan de na rudan as cudromaiche as urrainn dhut a dhèanamh gus an dachaigh agad a dhìon is e àrainn-sàbhailteachd a chruthachadh timcheall oirre, a' sìneadh a-mach co-dhiù 10 meatair anns gach àird. Is e a tha ann an àrainn-sàbhailteachd àite air a dhealbhadh is a ghleidheadh gu math a tha cho saor is a ghabhas bho stuth so-loisgeach a dh'fhaodadh cur ri sgaoileadh roitein. Chan eil e a' ciallachadh gun fheum thu glasraich sam bith a rùsgadh bhon talamh agus a chòmhdachadh ann an concairt. Tha molaidhean sìmplidh, ciallach anns a' bhileig seo gus thu fhèin agus an t-seilbh agad a chumail sàbhailte.

Chan eil a bhith ag ullachadh na dachaigh agus na coimhearsnachd agad a' dearbhadh nach tig milleadh bho theine ort, ach tha e a' lùghdachadh nan cunnartan.

Loisgidh seòrsa sam bith de dh'fhàs tioram. Tha craobhan abaich, preasan, feur, fiù an càrn-connaidh agus na soithichean-sgudail agad uile nan connadh agus faodaidh iad dol nan teine gun strì (ga fhàgail nas coltaiche cur ri lasadh agus call). Tha e deatamach fhèin an t-àite timcheall air an taigh agus na togalaichean agad a ghleidheadh.

Tha an diagram gu h-iseal a' sealltainn na h-Àrainn-sàbhailteachd timcheall air togalach no togalaichean.

Nuair a thathar a' gabhail beachd air Àrainn-sàbhailteachd, feumar cumail air chuimhne gur dòcha nach biodh a h-uile h-àite fo do smachd gu laghail. Faodaidh gum bi agad ri obrachadh ann an com-pàirteachas ris na nàbaidhean no na sealbhadairean fearainn ri do thaobh gus dìon gu leòr a chur an sàs.



➤ GLAN SUAS AN ÀRAINN-SÀBHAILTEACHD

- Thoir air falbh stuth so-loisgeach, fiodh, craobhan air an leagail agus sprùilleach eile.
- A bheil àite gu leòr ann gus am faod luchd-smàlaidh cùl do dhachaigh a dhìon? Thoir air falbh sprùilleach is craobhan a tha anns an rathad agus dèan cinnteach gu bheil geataichean aig feansaichean air am faighear cothrom gun strì.
- Cùm feur air a lomadh goirid (75mm no nas lugha) air gach taobh de na togalaichean uile, oir cha tèid feur gorm na theine gu soirbh.
- Glan àite co-dhiù 3 meatair timcheall air tancaichean-connaidh sam bith. Cùm san àrainn seo grinneal, creag no feur air a lomadh goirid.
- Dèan cinnteach gu bheil innealan-rabhaidh a tha ag obrachadh aig gach làr den dachaigh agad. Gabh beachd air rabhadh-teasa chur sa chidsin agad. Cuir deuchainn air na h-innealan-rabhaidh gach seachdain agus na toir air falbh na bataraidhean a-chaidh.
- Cùm craobhan, preasan agus fàs saor bho loidhnichean-cumhachd, càballan-conaltraidh no uidheam. Ma tha ceist ort, iarr comhairle bho fheadhainn a bheir conaltradh agus/ no cumhachd seachad dhut.

➤ FIOSRACHADH EILE

Tha mòran roiteanan gan cur thuige a dh'aon ghnòthach no mar thoradh air giùlan gun chùram no gun aire. Ma chì thu ma bhios tu an amharas mu chuideigin gu bheil iad a' dèanamh ghnìomhan gu h-amharasach no gun chùram air an dùthaich, cuir fios gu **Poileas Alba air 101** no cuir fios air adhart gun urra gu **Scotland Crimestoppers air 0800 555 111**.

Ma bhios cunnart àrd ann bho roiteanan anns an sgìre agad, èist ris na naidheachdan sna meadhanan airson fios is comhairle shònraichte mu shàbhailteachd phoblach.

Tha Còd an Fhalaisgeir ri fhaotainn bho: www.scotland.gov.uk

➤ TEINE AGUS CUNNARTAN EILE

SAN ÙINE AS MOTHA CUNNART

- Na loisg fraoch/mòinteach a-chaidh an taobh a-muigh na h-ùine a tha ceadaichte, lean Còd an Fhalaisgeir daonnan.
- Na loisg duilleagan, fàs-gàrraidh agus sprùilleach, gabh beachd air dòighean eile leithid compost no togail-suas.
- Mus las thu teine sam bith a-muigh, dèan rannsachadh mu bhacaidhean no mu chead sam bith a tha a dhith.
- Seachain lasadh theintean nuair a tha gaothan àrda, teòthachd àrd agus taiseachd iseal ann no dùil riutha.
- Biodh slusaid ri làimh agad daonnan agus ceangail piob a' ghàrraidh agad MUS cuir thu an teine thuige.
- Dèan cinnteach gu bheil àiteachan chur-seachadan agad dèanamh ann an sloc no soitheach a tha sàbhailte bho theine agus air am mùchadh gu tur ro fhàgail.
- Na loisg a-chaidh ma bhios an toit is an lasair a' sèideadh a dh'ionnsaigh do dhachaigh (no dachaigh do nàbaidh).
- Na tilg air falbh luathre bho theintean-campa no barbecues gus a bheil iad fuar ri làimhseachadh.
- Cùm stuth a ghabhas losgadh ann an canastairean-sàbhailteachd ceadaichte. Cùm na canastairean-sàbhailteachd sin ann an togalach de mhiotal no de bhrice a tha dìonach air teine no sa gharaidh agad.
- Na tilg toiteanan air an lasadh air falbh – dèan cinnteach gu bheil iad air am mùchadh gu tur.
- Thoir dùbhlán do agus/ no thoir fios mu neach sam bith a' giùlan gun chùram le teine air an dùthaich.

COTHROM

- Bidh cothrom air an dachaigh agad a' taiseachadh le soidhnichean. Bidh e a' bualadh air cho luath agus a dh'fhaodas seirbheisean-èiginn an dachaigh agad a ruigsinn agus a dhìon.
- Cha lorg carbadan-èiginn an dachaigh agad gun strì mura bheil d' àireamh no d' ainm ri fhaicinn gu follaiseach bhon rathad no bhon phrìomh shlighe a-steach dhan t-seilbh agad.
- Am meadhan an t-samhraidh, nuair a bhios craobhan, preasan is lusan a' cinntinn, rach don rathad feuch an tèid agad air àireamh an t-seòlaidh agad fhaicinn. Mura bheil i ri faicinn gu follaiseach faodaidh gum bi agad ri fàs a ghearradh air ais, an soidhne a ghluasad agus a dhèanamh nas motha. Cuimhnich gum faod toit no dorachdas a dhèanamh nas doirbhe do sheirbheisean-èiginn fios mun t-seòladh agad fhaicinn.